# Leuman agus an long-bhriste

Saoghal
Bheathaichean
Ìre 5



## Clàr-innse

1. **Lean an aibidil.**
Sgil: Òrdugh na h-aibidil - litrichean beaga

2. **Litrich.**
Sgil: A' litreacheadh fhacal chumanta às an stòraidh

3. **Èist ri na lidean.**
Sgil: Ag aithneachadh lidean

4. **Cuir ann an litir mu dheireadh.**
Sgil: Fuaimneachadh - an litir deiridh

5. **Cuir an stòraidh an òrdugh.**
Sgil: A' cur stòraidh an òrdugh

6. **Lìon na beàrnan.**
Sgil: A' cur crìoch air seantansan; a' leughadh le tuigse

7. **Lorg na facail.**
Sgil: Ag aithneachadh agus a' sgrìobhadh fhacal chumanta às an stòraidh

8. **Lìon na beàrnan.**
Sgil: A' cleachdadh roimhearan no co-ghnìomhair freagarrach

9. **Tagh na buadhairean ceart.**
Sgil: Ag aithneachadh agus a' cleachdadh bhuadhairean às an stòraidh

10. **Fiosrachadh mu chearban/siorc**
Sgil: Fiosrachadh fìor

11. **Fiosrachadh mu chearban/siorc**
Sgil: Fiosrachadh fìor

12. **Fiosrachadh mu chearban/siorc**
Sgil: Fiosrachadh fìor

13. **Fiosrachadh mu chearban/siorc**
Sgil: Fiosrachadh fìor

14. **Fiosrachadh mu chearban/siorc**
Sgil: Fiosrachadh fìor

15. **A' Measadh Fhacal**

Ainm:

Lean an aibidil.



## Leuman agus an long-bhriste

**Sgil:** Òrdugh na h-aibidil - litrichean beaga
**Stiùireadh:** Sgrìobh thairis air na litrichean ann an òrdugh na h-aibidil. Dèan loidhne chun na h-ath litreach gus slighe a dhèanamh chun na ciste-ionmhais.

| Ainm: |
| --- |

Litrich.

| | chunnaic | | tro | a-steach |
| --- | --- | --- | --- | --- |
| Sgrìobh | | | | |
| Còmhdaich na facail. | | | | |
| Litrich | | | | |
| Ceartaich | | | | |
| Sgrìobh | | | | |
| Ceart no ceàrr | | | | |

| | a-mach | agus | Jon | chun |
| --- | --- | --- | --- | --- |
| Sgrìobh | | | | |
| Còmhdaich na facail. | | | | |
| Litrich | | | | |
| Ceartaich | | | | |
| Sgrìobh | | | | |
| Ceart no ceàrr | | | | |

**Leuman agus an long-bhriste**

**Sgil:** A' litreachadh fhacal chumanta às an stòraidh
**Stiùireadh:** Sgrìobh a' chiad fhacal. Còmhdaich e an uair sin agus litrich e.
Seall an robh thu ceart. Ceartaich. Sgrìobh am facal a-rithist.

Ainm:

Èist ri na lidean.



leumadair



fàinneachan



uinneag



long-bhriste



grìogagan



ciste



doras

**Leuman agus an long-bhriste**

**Sgil:** Ag aithneachadh lidean
**Stiùireadh:** Canaibh gach facal. Èist ri na lidean. Buail do bhasan airson gach lide san fhacal. Cuir cearcall mu gach lide anns na facail.

Ainm:

Cuir ann an litir mu dheireadh.

a b c d e f g h i l m n o p r s t u

rù ____ dora ____ uinnea_____

__________ __________ __________



sròi ____ mui____ lon ____

__________ __________ __________

grìoga_____ airgea ____ cearb _____

__________ __________ __________





**Leuman agus an long-bhriste**

**Sgil:** Fuaimneachadh - an litir deiridh
**Stiùireadh:** Seall air na facail. Lorg an litir cheart às an t-sreath gu h-àrd agus cuir crìoch air gach facal. Sgrìobh na facail.

Ainm:

Cuir an stòraidh an òrdugh.

1 Aon là chunnaic Leuman long-bhriste anns a' mhuir.

"Cuidich mi, tha cearban a' tighinn" dh'èigh Leuman.

Chunnaic e doras agus dh'fhosgail e an doras le shròin.

Shnàmh Leuman sìos chun na luing-bhriste.

Dè bha sin ach ciste-ionmhais le fàinneachan agus grìogagan

Shnàmh e a-mach agus chunnaic e cearban.



**Leuman agus an long-bhriste**

**Sgil:** A' cur stòraidh an òrdugh
**Stiùireadh:** Geàrr a-mach na seantansan agus an dealbh. Cuir na seantansan an òrdugh. Cuir dath air an dealbh.

Ainm:

Lìon na beàrnan.




Aon là ________ Leuman long-bhriste anns a' mhuir.

Bha _____________ anns an long-bhriste.

Chunnaic e ___________ agus ______________ e e le a shròin.

"Tha mi ________________ a-mach a-nis," thuirt Leuman.

An uair sin _________ Leuman chun na h-uinneig.

"Cuidich mi, __________an cearban mi," thuirt Leuman.

Chaidh an cearaban _____ _________ Leumain.

"Ha! Ha! Cha _________ e mi a-nis," thuirt Leuman.

**Leuman agus an long-bhriste**

**Sgil:** A' cur crìoch air seantansan; a' leughadh le tuigse
**Stiùireadh:** Leugh na seantansan agus tagh facal às a' chiste gu h-àrd gus gach seantans a chrìochnachadh.

Ainm:

# Lorg na facail.

thuirt    chaidh    agus    bha    shnàmh    anns



| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | g | u | s | d | n | a | I |
| g | t | h | u | i | r | t | n |
| c | h | a | i | d | h | u | m |
| a | n | n | s | l | m | o | s |
| r | g | b | h | a | u | b | f |
| s | h | n | à | m | h | s | a |

cuidich    chun    ithidh    tron    a-mach



| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| c | h | u | n | t | i | o | p |
| d | e | t | r | o | n | e | g |
| s | a | - | m | a | c | h | s |
| i | t | h | i | d | h | b | e |
| c | u | i | d | i | c | h | c |

**Leuman agus an long-bhriste**

**Sgil:** Ag aithneachadh. agus a' sgrìobhadh fhacal chumanta às an stòraidh
**Stiùireadh:** Lorg facal anns gach loidhne. Cuir cearcall timcheall air. An uair sin, sgrìobh am facal.

Ainm:

Lìon na beàrnan.




Shnàmh Leuman __________ chun na luing-bhriste.

Shnàmh e ___________ agus ___________ tro na tuill.

Shnàmh e _____________ na h-uinneig.

An uair sin shnàmh e a-mach _____________ uinneig.

Chaidh cearban às dèidh Leumain agus shnàmh e _______________ long-bhriste.

Chaidh e dhan rum agus shnàmh e ___________ na h-uinneig.

**Leuman agus an long-bhriste**

**Sgil:** A' cleachdadh roimhearan no co-ghnìomhair freagarrach
**Stiùireadh:** Leugh na seantansan agus tagh facal ceart às an dealbh gu h-àrd airson na beàrnan a lìonadh.

Ainm:

Tagh na buadhairean ceart.

òr airgid mòr bheag seann

fàinneachan ______

rum ________

uinneag ________

grìogagan ________

________ long-bhriste

________________________________________

________________________________________

________________________________________

________________________________________

________________________________________

**Leuman agus an long-bhriste**

**Sgil:** Ag aithneachadh agus a' cleachdadh bhuadhairean às an stòraidh
**Stiùireadh:** Coimhead air na facail agus smaoinich air an stòraidh agus na buadhairean a tha a' dol còmhla riutha. Sgrìobh na facail ann an seantansan.

Ainm:

Fiosrachadh mu chearban/siorc

Tha 1100 seòrsa cearban ann.
Seo beagan fiosrachaidh mu chuid aca.

**Cearban cumanta (Basking shark)**

**Meudachd:**
Boireann 8 gu 9m.
Fireann 6 gu 7m.

**Coltas**
Dath gorm, ghlas.
Beul mòr fosgailte, giùrain mhòra airson sìoladh uisge a-mach.
Tòrr fhiaclan beaga, mu cheud anns gach sreath.

**Àrainn:**
Atlantaig Tuath agus Deas.
An Cuan Sèimh.

**Biadh:**
Plancton.
A' snàmh aig 3 mìle san uair a' sùghadh a-steach mu 1,482,000 liotar san uair, airson plancton fhaighinn.

**Gin:**
Aon chuilean gach bliadhna.
A' fàs ann an ugh am broinn am màthar. A' tighinn às an ugh sa spot a bheirear e.
Mu 1m agus leth aig an àm sin.

**Modhan/feartan:**
A' siubhal nam buidhnean de 3-4, uairean 100 còmhla. A' laighe agus a' faighinn plancton faisg air bàrr an uisge.
Loidhnichean air cliathaich chearban airson gluasad fhaireachdainn aig astar 100 meatair.
Claisneachd agus fradharc math.



**Sgil:** Fiosrachadh fior
**Stiùireadh:** Cleachdaibh am fiosrachadh seo ann an còmhradh.

Ainm:

Fiosrachadh mu chearban/siorc

## Cearban muice (Whale shark)

**Meudachd:**

Boireann mu 9m.
Fireann mu 8m.
An t-iasg as motha san t-saoghal.

**Coltas:**

Dorcha ghlas le spotan geala. Sgrìoban air an druim agus brù gheal. Tha an craiceann cho tiugh ri 10cm.
Beul mòr, a' fosgladh gu 1m gu leth.
Tha 300 fiacail eagach aige.

**Àrainn:**

Cuantan domhainn, tropaigeach agus uisgeachan meadhanach blàth.
A' snàmh faisg air a' bhàrr.

**Biadh:**

A' snàmh mu chuairt a' sùghadh a-steach plancton, giobnaich agus èisg bheaga.
A' cur a-mach an uisge air an giùrain as dèidh am biadh a ghlacadh anns na giùrain.

**Gin:**

A' tighinn a-mach à uighean am broinn am màthar agus an uair sin gam breith. Rugadh uiread ri 300 còmhla.

**Modhan-feartan:**

Mall air an t-snàmh.
A' falbh nan aonar mar as trice.



**Sgil:** Fiosrachadh fìor
**Stiùireadh:** Cleachdaibh am fiosrachadh seo ana an còmhradh.

Ainm:

Fiosrachadh mu chearban/siorc

## An Cearban mòr geal (Great white shark)

**Meudachd:**

Suas gu 6m, ach mu 4m mar as trice.

**Coltas:**

Druim ghlas agus brù gheal.
Sròin fhada bhiorach, le fiaclan làidir triantanach.

**Àrainn:**

Siubhal gu farsaing, faisg air a' chladach agus ann an uisge domhainn.
Rim faicinn on Antartaig chun a' Chrios Mheadhain,
ach mar as trice ann an uisgeachan meadhanach blàth.

**Biadh:**

Sealgairean air leth, a' glacadh èisg, cearbain eile, leòmhainn mhara, ròin, mucan-mara, leumadairean agus creutairean marbh.
Bheir iad ionnsaigh air daoine, mu 5 gu 10 gach bhliadhna.

**Gin:**

Beiridh an tè bhoireann mu 9 cuileanan.

**Modhan/feartan:**

Fradharc geur agus fàileadh math airson feòil.
Siubhal gu 25 mìle san uair.



**Sgil:** Fiosrachadh fìor
**Stiùireadh:** Cleachdaibh am fiosrachadh seo ana an còmhradh.

Ainm:

Fiosrachadh mu chearban/siorc

## An cearban tìgear (Tiger shark)

**Meudachd:**

Boireann mu 4m.
Fireann mu 3m.

**Coltas:**

Druim dhorcha le sgrìoban tarsaing air. Brù gheal.
Sròin ghoirid le fiaclan eagach geur.
Spotan air sgèith deiridh nan cuilean

**Àrainn:**

Siubhal ann an uisgeachan blàtha air feadh an t-saoghail. Mar as trice faisg air bàrr an uisge, faisg air a' chladach.

**Biadh:**

Sealgairean air leth comasach.
Lorgaidh iad biadh le cuideachadh fradharc geur agus comas fàileadh fhaireachdainn.
Ithidh iad rud sam bith, mar ròin, turtalan, muir-tiachd, eòin-mhara, nathraichean, portain, cearbain eile agus smodal.

**Gin:**

Mu 10 cuilean, comasach air falbh leotha fhèin aig àm am breith.

**Modhan/feartan:**

San dara àite as dèidh a' chearbain mhòir ghil, airson a bhith na chunnart do dhaoine.
Astar 20 mìle san uair, agus siubhal mu 50 mìle san latha



**Sgil:** Fiosrachadh fior
**Stiùireadh:** Cleachdaibh am fiosrachadh seo ana an còmhradh.

Ainm:

Fiosrachadh mu chearban/siorc

## An Cearban Ceann Ùird (Hammer Head Shark)

**Meudachd:**

Boireann mu 4m.

Fireann mu 3m.

**Coltas:**

Druim dhorcha uaine le brù shoilleir.
Ceann le cumadh ùird agus na suilean aig gach ceann dheth.
Fiaclan triantanach eagach.
Tha an sgiath droma uabhasch mòr agus biorach.

**Àrainn:**

Uisgeachan tropaigeach air feadh an t-saoghail. Tric air sgeirean eu-domhainn, agus uisge mu 1m doimhneachd.

**Biadh:**

Sealg leotha fhèin, a' glacadh cearbain eile, giobnaich, agus èisg.
Tha iad cunnartach do dhaoine cuideachd.

**Gin:**

A' breith mu 20 gu 40 cuilean a tha mu 70cm a dh'fhaid.

**Modhan/feartan:**

Tha dùil gu bheil comas faireachaidh cumhachd dealain nan ceann leis a' chumadh annasach ud.
Cuidichidh seo a' lorg rudan nach fhaic iad.



**Sgil:** Fiosrachadh fior
**Stiùireadh:** Cleachdaibh am fiosrachadh seo ann an còmhradh.

| Ainm: |
|---|

A' Measadh Fhacal.

| **Facail cuspair** | * + > | **Aithnichidh rim faicinn** | * + > | **Aithnichidh rim faicinn** | * + > |
|---|---|---|---|---|---|
| le shròin | | bha ann | | òir | |
| a' chiste | | ag iarraidh | | airgid | |
| a' mhuir | | às dèidh | | | |
| cearban | | Dh'fhosgail | | | |
| ciste-ionmhais | | Dh'fheuch | | | |
| fàinneachan | | tro | | | |
| grìogagan | | tron | | | |
| leumadair | | | | | |
| long-bhriste | | | | | |
| na h-uinneig | | | | | |
| rum | | | | | |
| shròin | | | | | |
| tuill | | | | | |

| | |
|---|---|
| Aithnichidh san teacs | * |
| Aithnichidh leotha fhèin | + |
| Sgrìobhaidh gun a bhith gam faicinn | > |